**Fiosrachadh mu Phrìobhaideachd – Ceisteachan air Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28**

**Ro-ràdh**

Bidh Bòrd na Gàidhlig a' cleachdadh fiosrachadh pearsanta air diofar adhbharan agus tha am fiosrachadh againn mu phrìobhaideachd a' mìneachadh carson a bhios sinn a' faotainn agus a' cruinneachadh fiosrachadh pearsanta, agus ciamar a bhios sinn ga chleachdadh. Tha am fiosrachadh seo mu phrìobhaideachd a' mìneachadh mar a nì Bòrd na Gàidhlig feum de dh'fhiosrachadh pearsanta a tha ga chruinneachadh san t-suirbhidh seo**.**

**Geàrr-chunntas**

'S e fear de na prìomh dhleastanasan a th' aig Bòrd na Gàidhlig fo Achd na Gàidhlig 2005 a bhith a' cruthachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig gach còig bliadhna, mus tèid a chur do Mhinistearan na h-Alba a' sireadh aonta.

Tha am Plana Nàiseanta Gàidhlig làithreach a' ruith bho 2018 gu 2023, le amas gun tèid am plana ùr fhoillseachadh ann an 2023.

Thathar ag amas air an ath dhreachd den PNG a chur a-mach airson co-chomhairle phoblach fad trì mìosan as t-Fhoghair 2021.

An-dràsta tha sinn airson beachdan an luchd-ùidhe fhaighinn tron cheisteachan seo gus prionnsabalan an ath dhreachd de PhNG 2023-28 a stèidheachadh.

Bidh an ceisteachan seo fosgailte gus Diluain 11mh den Fhaoilleach 2021.

**Dè am fiosrachadh a thèid a chruinneachadh?**

Cruinnichidh an ceisteachan:

D' ainm air/neo ainm na buidhne

Seòladh puist-d – gus post-d dearbhaidh a chur thugad (ma thèid iarraidh air)

Sgìre

Fiosrachadh co-cheangailte ri cleachdadh na Gàidhlig

Chan fheum thu a h-uile ceist sa cheisteachan a fhreagairt

**Ciamar a bhios m' fhiosrachadh air a chleachdadh?**

Thèid toraidhean a' cheisteachain seo a chleachdadh mar bhonn-stèidh airson Seiminear an Luchd-ùidhe air-loidhne a chuireas Bòrd na Gàidhlig air dòigh aig toiseach an Earraich 2021, a chuidicheas sinn gus gleans a bharrachd a chur air na prìomh theachdaireachdan againn airson dreachd PNG 2023-28.

Ma bheir thu seachad do sheòladh puist-dealain, faodaidh tu lethbhreac de na freagairtean agad iarraidh aig deireadh na suirbhidh.

Tha fiosrachadh ga chruinneachadh agus ga phròiseasadh air adhbharan leasachadh na Gàidhlig agus airson an ath Phlana Nàiseanta, is bidh cead ga chleachdadh mar bhun-stèidh laghail.  Faodaidh tu an cead seo a thoirt air falbh uair sam bith.

Bidh Bòrd na Gàidhlig cuideachd a' pròiseasadh cuid den dàta phearsanta agad, gu sònraichte do bheachdan, leis gu bheil e riatanach gus gnìomh a choileanadh a chùm leas a' phobaill no gus obair a choileanadh a' cleachdadh ùghdarras oifigeil a th' aig an riaghladair dàta. Thèid tòraidhean na suirbhidh a thaisbeanadh ann an cruth agragaidichte, gun ainm, agus cha ghabh neach fa leth aithneachadh bho aithisg sam bith bho thoraidhean na suirbhidh.

Cha chuir sinn fios thugad san àm ri teachd.

Cha chùm sinn greim air an fhiosrachadh seo ach airson dà bhliadhna air a' char as fhaide.* 'S urrainn dhut am fiosrachaidh seo iarraidh aig àm sam bith agus 's urrainn dhut innse dhuinn mur eil thu airson gun cleachd sinn tuilleadh e.  Cha tèid a chleachdadh ach airson cuideachadh le feumalachdan luchd-labhairt na Gàidhlig agus thèid a chleachdadh ann an còmhraidhean mun ath Phlana Nàiseanta na Gàidhlig.

**Am bi am fiosrachadh agam air a thoirt do dhuine eile?**

Thèid am fiosrachadh agad a phròiseasadh leis na sgiobaidhean iomchaidh aig BÒRD NA GÀIDHLIG: 's e sin an fheadhainn le uallach airson cleachdadh na Gàidhlig.

Tha aontaidhean pròiseasaidh dàta ann leis a h-uile buidheann a bhios a' pròiseasadh fiosrachadh pearsanta às leth BÒRD NA GÀIDHLIG , agus mar phàirt de seo, feumaidh pròiseasadh a dhèanamh taobh a-staigh an EEA, no feumaidh dìonan iomchaidh a bhith ann ma tha seo air a dhèanamh le buidheann eadar-nàiseanta.

Bidh an t-suirbhidh seo a' cleachdadh Microsoft Forms airson dàta a chruinneachadh is a mheasadh. Bu chòir dhut a bhith mothachail gum faod Microsoft fiosrachadh a chruinneachadh airson nan adhbharan aca fhèin agus tha am poileasaidh prìobhaideachd aca an seo.

Tha BÒRD NA GÀIDHLIG a' faotainn sheirbheisean tro chùmhnant airson Oifigear Dìon Dàta agus faodaidh gun tèid am fiosrachadh agad a phròiseasadh ri linn lìbhrigeadh na seirbhis sin, mar eisimpleir a' sgrùdadh gèilleadh dìon dàta.

A bharrachd air na suidheachaidhean a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd, cha toir BÒRD NA GÀIDHLIG fiosrachadh pearsanta do neach no buidheann eile uair sam bith, ach a-mhàin ma tha riatanas reachdail ann gus seo a dhèanamh no ma tha am pròiseasadh sin laghail air adhbhar eile.

**Dè thachras nuair nach bi feum air m' fhiosrachadh tuilleadh?**

*Thèid am fiosrachadh agad a chumail airson nan adhbharan a tha gan cur an cèill gu h-àrd agus bidh an fhaid-ùine a thèid a chumail a rèir mar a bhios obair air Plana Nàiseanta na Gàidhlig a' dol air adhart. Thathar an dùil nach tèid freagairtean fa leth a chumail nas fhaide na dà bhliadhna ach bidh seo ga chumail fo sgrùdadh.

**Còraichean a Bharrachd**

Fon Riaghailt Choitchinn airson Dìon Dàta (GDPR), tha grunn chòraichean agad a thaobh an fhiosrachadh phearsanta agad. Tha a' chòir agad:

i. iarrtas a chur a-steach gus am fiosrachadh pearsanta agad fhaicinn;
ii. iarrtas a chur a-steach gus am fiosrachadh pearsanta agad a cheartachadh, rud a tha a' ciallachadh gum bi e comasach dhut fiosrachadh pearsanta ceàrr a chur ceart gun cus dàlach;

iii. iarraidh gun tèid am fiosrachadh pearsanta agad a dhubhadh às nuair a tha cumhachan àraidh ann;
iv. bacadh a chur air mar a thèid am fiosrachadh agad a phròiseasadh ann an cuid a shuidheachaidhean
v. cur an aghaidh pròiseasadh;
vi. air so-ghiùlaineachd dàta ann an cuid a shuidheachaidhean.

Thèid iarrtasan a thaobh ceartachaidh, dubhadh às no bacadh air pròiseasadh a chur gu duine sam bith a fhuair am fiosrachadh pearsanta agad. Gheibhear fiosrachadh mionaideach air cò gheibh am fiosrachadh agad san earrainn 'Am bi am fiosrachadh agam air a thoirt do dhuine eile?' .

Dh'fhaodadh suidheachaidhean a bhith ann far nach urrainn do BHÒRD NA GÀIDHLIG gèilleadh ris na h-iarrtasan gus na còraichean a chaidh ainmeachadh gu h-àrd a chur an gnìomh. Ma thachras seo le iarrtas a nì thu, thèid innse dhut carson nach urrainn do Bhòrd na Gàidhlig gèilleadh ris an iarrtas agad dè na roghainnean a th' agad.

Far a bheil am fiosrachadh pearsanta agad ga phròiseasadh le do chead, tha a' chòir a bharrachd agad do chead a tharraing air ais aig àm sam bith. Thoir an aire ge-tà, ged a chuireas BÒRD NA GÀIDHLIG an t-iarrtas agad an gnìomh, nach bi e daonnan comasach dàta a thoirt air falbh bhon àrainn phoblaich, mar eisimpleir ann am foillseachaidhean ann an lethbhreacan cruaidh. Bu chòir dhut toirt an aire cuideachd gu bheil an comas cead a thoirt air falbh an gnìomh airson fiosrachadh a tha ga mheas prìobhaideach a-mhàin. Chan eil e an sàs mar as trice airson fiosrachadh mu chomainn no buidhnean. Cha bhi seo an sàs airson fiosrachadh a chaidh agragaideadh ann an seataichean dàta nas motha no a chaidh a chur ann an cruth gun ainm ann an aithisgean. Faodaidh tu faighinn a-mach mu mar a tha am fiosrachadh pearsanta agad air a phròiseasadh gu laghail san earrainn *Ciamar a bhios m' fhiosrachadh air a chleachdadh?.*

**Gearanan**

Mur eil thu toilichte leis an dòigh anns a BÒRD NA GÀIDHLIG air an dàta pearsanta a phròiseasadh, tha a' chòir agad gearan a chur gu Coimiseanair an Fhiosrachaidh, a tha a' riaghladh reachdas dìon dàta anns an RA. Gheibhear am fiosrachadh conaltraidh aca aig https://ico.org.uk/.

**Fios gu**

Airson barrachd fiosrachaidh mun t-suirbhidh, cuiribh fios gu oifis@gaidhlig.scot.

'S e Liz Taylor Oifigear Dìon Dàta BHÒRD NA GÀIDHLIG agus 's e an seòladh pust-dealain aice liz@gaidhlig.scot.

**Privacy Notice – Questionnaire on the National Gaelic Language Plan 2023-28**

**Introduction**

BÒRD NA GÀIDHLIG uses personal information for a range of purposes and our privacy notices provide information about why we obtain and collect personal information, and how we process it.

This privacy notice explains how awe will use any personal data collected in this survey.

**Summary**

One of the key responsibilities of Bòrd na Gàidhlig under the Gaelic Language (Scotland) Act 2005 is to prepare the National Gaelic language plan every 5 years, before submitting it to Scottish Ministers seeking approval.

The current National Gaelic language plan (NGLP) runs from 2018 to 2023, with the aim that the new plan will be published in 2023.

The aim is to publish a draft of the next NGLP for a 3-month period of public consultation in Autumn 2021.

Currently we are keen to engage with stakeholders via a short questionnaire to establish the principles for the draft NGLP 2023-28.

This questionnaire will be open until Monday 11th January 2021.

**What information is collected?**

The questionnaire will collect:

Name and/or Organisation name

Email – for the purposes of sending a receipt of completion (if requested)

Geographical location

Information on issues regarding Gaelic usage

You do not have to answer all questions in the survey.

**How will my information be used?**

The results of this questionnaire will be used as the basis for an on-line Stakeholder Seminar that Bòrd na Gàidhlig will host in early Spring 2021, that will help us further refine the key messages for the draft NGLP 2023-28.

If you provide your e-mail address you may request a copy of your answers at the end of the survey.

Information is collected and processed for the purposes of Gaelic language development and the development of the next National Gaelic Language Plan, and uses consent as a lawful basis. You may withdraw this consent at any time. Bòrd na Gàidhlig will also be processing some of your personal data, in particular your views and opinions, as it is necessary for the performance of a task carried out in the public interest or in the exercise of official authority vested in the controller. The results of the questionnaire will be presented in an aggregated, anonymised form and no individual will be identifiable for any reporting of the findings.

We will not contact you in the future.

We will only hold on to this information for two years maximum.* You can ask for this information at any time and you can tell us at any time if you do not want us to use it anymore. It will only be used to help us understand the needs of Gaelic speakers and will be used for in conversations about the next National Gaelic Language Plan.

**Will my information be passed to anyone else?**

Your information will be processed by the relevant teams at BÒRD NA GÀIDHLIG which will be those responsible for Gaelic usage.

Data processing agreements are place with all organisations that process personal information on BÒRD NA GÀIDHLIG's behalf, which require processing to be carried out within the EEA, or for appropriate safeguards to be in place where it is carried out by an international organisation.

This survey will use Microsoft Forms to collect and analyse the data. You should be aware that Microsoft may collect information for their own purposes and their privacy policy is available here.

BÒRD NA GÀIDHLIG has a contracted service for the provision of a Data Protection Officer and your information may be processed in the course of providing that service, for example for the purposes of auditing data protection compliance.

Other than described above, BÒRD NA GÀIDHLIG will never pass personal information to any other third party, unless there is a statutory requirement to do so or the processing is otherwise lawful.

**What happens when my information is no longer required?**

*Your information will be retained for the purposes stated above and the length of time it is retained will depend upon how the work of the National Gaelic Language Plan develops. It is anticipated individual responses will be retained for no longer than 2 years although this will be kept under review.

**Additional Rights**

Under the GDPR, you have a number of rights in relation to your personal information. You

have the right to:

i. request access to your personal information;
ii. ii. request rectification of your personal information which means you are able to have inaccurate personal information corrected without undue delay;
iii. request erasure of your personal information when certain conditions apply;
iv. restrict processing under certain circumstances;
v. object to processing;
vi. data portability in some circumstances.

Requests that relate to rectification, erasure or restricting processing will be passed to any recipients of your personal information. Details of recipients can be found under the section 'Will My Information be Passed to Anyone Else?'.

There may be occasions when BÒRD NA GÀIDHLIG is unable to comply with requests to exercise the rights above. Should this apply to a request you make, it will be explained to you why BÒRD NA GÀIDHLIG is unable to comply with the request and any options available.

Where your personal information is being processed using consent, one further right is the right to withdraw your consent at any time. You should be aware that, while BÒRD NA GÀIDHLIG will stop using your information for that purpose with immediate effect, it may not always be possible to remove information from the public domain, for example where it has been used in hard copy publications. You should also be aware that the ability to withdraw consent only applies to information considered to be personal. It does not usually apply to information about groups or organisations. It will also not apply to any information that has been aggregated into larger datasets or anonymised in reports. You can find out how your personal information is being lawfully processed under the section 'How Will BÒRD NA GÀIDHLIG Use My Information?'.

**Complaints**

Should you be unhappy with the way in which BÒRD NA GÀIDHLIG have processed your personal data, you have the right to lodge a complaint with the Information Commissioner, who regulates data protection legislation across the UK. Their contact details can be found at https://ico.org.uk/.

**Contact Details**

For further information about the survey, please contact oifis@gaidhlig.scot.

BÒRD NA GÀIDHLIG's Data Protection Officer is Liz Taylor. Her e-mail address is liz@gaidhlig.scot